Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Dihaoine 13 Dùbhlachd 2013 @ 11.30m

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis bho 11.30m Dihaoine 13 Dùbhlachd 2013

Clàr Chùisean

4.2013.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann

4.2013.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Time to Shine: Ro–innleachd Nàiseanta Ealain na h-Òigridh — Airson Fiosrachaidh
(c) Fèisgoil — Airson Fiosrachaidh
(d) Dealbh-chluich na Nollaige — Airson Fiosrachaidh

4.2013.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd a-steach agus teachd a-mach 2013-14 — Airson Fiosrachaidh
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2013 — Airson Fiosrachaidh
(d) Tabhartasan nam Fèisean 2013-14 — Airson Fiosrachaidh
(e) Atharraichean air an t-Seirbheis Banca bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc — Airson aontachaidh

4.2013.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Dreach phoileasaidhean: Brathadaireachd agus An aghaidh Brìbeireachd — Airson deasbaid agus aontachaidh

4.2013.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Preantas agus Oifigearan Leasachaidh — Aithris airson fiosrachaidh
(c) Taghadh a' Bhùird: Fiosrachadh as ùire — Aithris airson fiosrachaidh

4.2013.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath choinneamh — Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dùn Èideann air Dihaoine 27 Sultain bho 2f

3.2013.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Fiona NicIain, Ùisdean Robasdan, Elaine Spence, Bernard Bell, Peigi NicIllFhinnein, Seònaid NicDhòmhnaill, Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Dougie Beck (an làthair – ag eadar-theangachadh & taisbeanadh), Aonghas MacLeòid (an làthair - taisbeanadh).

(b) Leisgeulan

Donnchadh MacGuaire, an Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Iain Mac a' Ghobhainn (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Ann Marie Reid (HIE).

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 17 An Cèitean 2013 a sgaoileadh.

Mhol Fiona NicIain gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Peigi NicIllFhinnein a' cur a taic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Riaghlaidh nach deach aontachadh fhathast

Chaidh geàrr-chunntas, nach deach aontachadh fhathast, den choinneimh a chaidh a chumail air 5 Sultain 2013 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

3.2013.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu deireadh a' chiad ràithe de 2013-14, a thaobh cur an gnìomh Pròg ram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Rinn Art MacCarmaig aithris air an adhartas a rinneadh a thaobh Fèisgoil. Bha cuid a phròiseactan gan cur an sàs agus chaidh prìsean a chur a-steach airson feadhainn eile gu comhairlean agus bhathar a' feitheamh ri freagairt bhuapa.

(b) Blas

Chaidh aithisg a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird air mar a chaidh do dh'Fhèis Bhlas a chaidh a chumail o chionn ghoirid. Cha robh na h-aithisgean deireannach, le buidseatan is figearan, rim faotainn fhathast, ach bha coltas ann gun deach a h-uile càil gu math - agus gun robh barrachd fèill air cuid a thachartasan na bha air feadhainn eile.

Bha na còmhlain bho na Cèilidhean air Chuairt an sàs ann an cuid a thachartasan agus bha luchd-ciùil bho Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd agus na còmhlain sgìreil aig Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' cluich. Fhuair iad grunn chothroman cluich còmhla ri luchd-ciùil eile.

Bhathar a' dol a sgaoileadh barrachd fiosrachaidh mun bhuidseat am measg Buill a' Bhùird

nuair a bha sin ri fhaotainn.

Bha duilgheadasan air a bhith ann a thaobh mar nach robh riochdairean bho Chomhairle na Gàidhealtachd air a bhith an làthair aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèis Bhlas Earranta, agus tha Art MacCarmaig agus daoine eile bho Bhlas air a bhith còmhradh ris a' chomhairle feuch an tig piseach air an t-suidheachadh sin.

A thaobh Blas 2014, chaidh aontachadh gum bu chòir coimhead airson dòighean nas fheàrr sanasachd a dhèanamh air tachartasan aig ìre ionadail. Bhathar den bheachd gum biodh e math nam biodh na Fèisean ionadail a' gabhail barrachd gnothaich ri cùisean, agus mar thoradh air sin dheigheadh na ceanglaichean eadar na Fèisean is Blas a dhaingneachadh. Tha e cudromach gum bi na Fèisean an sàs ann am Blas agus gum faigh iad buannachd à mar a tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na fèise. Cuideachd, dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir don chonsairt, Ceòl nam Fèis, a bhith na Cuirm Dheireannach airson Blas 2014.

(c) Pròiseactan Dràma agus Leasachaidhean Dràma Eile

Rinn Aonghas MacLeòid (le taic bho Dougie Beck) taisbeanadh don Bhòrd air na pròiseactan dràma a tha gan cur an sàs an-dràsta agus an fheadhainn a tha air fàire.

Nam measg bha:

- Cuairt dràma 5-seachdainean timcheall nan sgoiltean Foghlam Gàidhlig, na bu thràithe air a' bhliadhna, leis an dealbh-chluich "Seonaidh a' Mhonaidh". Tha leabhar-d a-nis ri fhaotainn an asgaidh bho làrach-lìn Urras Iain Muir (www.jmt.org) a fhuair taic bho Fèisean nan Gàidheal.
- Bho chaidh a' chuairt sin a chumail, tha Dougie Beck air an dealbh-chluich ath-dheasachadh gu bhith na dràma aon-neach. Chaidh e timcheall cuid a sgoiltean far nach eilear a' teagasg Gàidhlig an-dràsta agus rinn e an dealbh-chluich do sgoilearan a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.
- Bidh Panto na bliadhna-sa a' dol air chuairt, a mhaireas 7 latha tràth san Dùbhlachd, timcheall nan sgoiltean Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus bidh iad cuideachd a' tadhal air Dùn Èideann, Ìle agus Peairt.
- Shoirbhich le Sgoil Shamhraidh 2013, ged nach do ghabh an uiread pàirt ann an coimeas ri bliadhnaichean eile. Tha filmichean, a tha sealltainn cuid den dràma a rinn na h-oileanaich, rim faicinn air YouTube agus gheibhear lorg orra tro cheanglaichean air ar làrach-lìn.
- Faodaidh daoine a-nis cur a-steach airson Sgoil Shamhraidh Dràma 2014. Thuirt Dougie gun robh iad am beachd dealbh-chluich a choimiseanadh mu dheidhinn a' Chogaidh Mhòir, agus 100mh ceann-bliadhna toiseach a' chogaidh gu bhith ann an ath-bhliadhna. Dheigheadh an dealbh-chluich a sgrìobhadh mus tòisicheadh an Sgoil Shamhraidh agus chuireadh na h-oileanaich seachad cola-deug ag obair air agus an uair sin aig deireadh na h-ùine sin shealladh iad an dealbh-chluich air an àrd-ùrlar. An uair sin, dh'fhaodadh Meanbh-chuileag cuairt a dhèanamh leis an dealbh-chluich agus 's dòcha gum faodar dreach a chur air an dealbh-chluich a bhiodh iomchaidh airson Blas. Dh'aontaich am Bòrd gum biodh cothrom ann leis an dealbh-chluich an Sgoil Shamhraidh a leasachadh, agus gur e dòigh mhath a bhiodh ann sgilean dràma nan oileanach a leasachadh.
- Tha tòrr chothroman ann, tro Fèisgoil, trèanadh ann an dràma, cuairtean cultarach, taic cànain agus gu leòr eile a thabhann. Tha Alba Aosmhor air cur air dòigh, às dèidh Làithean-saora na Dàmhair, gun dèan Dougie cuairtean timcheall Caisteal Urchardain do sgoiltean Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd.
- Bidh Dougie a' dol dhan cho-labhairt bhliadhnail aig Stòrlann san Aghaidh Mhòr tràth san Dàmhair gus bùithtean-obrach a chumail, geamannan a shealltainn agus cleasan eile do chloinn a tha am foghlam nan tràth-bhliadhnaichean. 'S e cothrom math a tha seo a bhith ag obair le clann nas òige.
- Tha cion oidean dràma ann an-dràsta agus thathar an dòchas ma chumar Cùrsa Trèanaidh do dh'Oidean Dràma gun dèan sin feum agus gum faigh sinn tuilleadh oidean bhon chùrsa sin. Dh'fhaodadh gun gabhadh an trèanadh sin a dhèanamh còmhla ri trèanadh Sgioba-G.

Thug an Cathraiche taing don sgioba dràma airson an taisbeanaidh aca agus airson innse don Bhòrd mu na pròiseactan a tha gan cur an sàs an-dràsta agus an fheadhainn a tha air fàire.

(d) Plana Gnìomh HIE gus an Cunntas a Stiùireadh

Chaidh aithisg a sgaoileadh le fiosrachadh do Bhuill a' Bhùird mu 'Phlana Gnìomh HIE gus an Cunntas a Stiùireadh', a chaidh aontachadh le HIE.

Às dèidh coinneamh o chionn ghoirid eadar HIE is Art, chaidh ceithir Gnìomhan aontachadh:

1 Thèid Bùiththean-obrach airson Ro-innleachdan Margaidheachd a chur air dòigh. Fhuair Art cinn-latha a dh'fhaodadh a bhith freagarrach, ach feumaidh e bruidhinn ri luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is Bhlas feuch cò an fheadhainn as motha a dh'fhreagras air daoine.
2 Bidh Fèisean nan Gàidheal a' gabhail pàirt sa Bhùth-obrach air Ro-innleachdan Eadar-nàiseanta aig Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba, a tha air a dhealbh gus buidhnean a chuideachadh le bhith cur taobh eadar-nàiseanta ris na ro-innleachdan is planaichean buidhne aca.
3 Thathar a' dol a dh'fhaicinn a bheil cothrom ann neach-ceuma fhastadh tron Phròg ram Ghreisean-gnìomhachais airson Luchd-ceuma aig Talent Scotland, dh'fhaodadh an neach sin cuideachadh le bhith leasachadh na seirbheis Fèisgoil againn.
4 Thèid Fèisean nan Gàidheal an sàs san Lìonra Chiùil aig HIE. Coinnichidh Art le Iain Hamilton bho HIE mu dheidhinn seo.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don Phlana Gnìomh a chaidh aontachadh.

3.2013.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is cosgais 2013-14

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn a' Bhuidseit airson teachd-a-steach agus cosgaisean bho agus gu Fèisean nan Gàidheal, agus e a' sealltainn nan suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 31 An Lùnastail 2013.

Bhathar a' faighinn a' mhòr-chuid den mhaoineachadh mar a bha dùil. Bha am figear airson tuarastalan nas àirde seach gun robh dithis luchd-obrach air fòrladh màthaireil, agus dithis ag obair nan àite, ach seach gun deach an t-sùim a bhathar a' pàigheadh airson Àrachas Nàiseanta agus peinseanan a lùghdachadh, bha cothromachadh san earrainn seo den bhuidseat. Bha am màl airson nan oifisean cuideachd nas àirde na bha sinn an dùil, oir tha barrachd cosgais ann an-dràsta a thaobh a bhith pàigheadh airson oifis air an Tairbeart. Bha a h-uile buidseat eile a rèir nan targaidean.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg seo.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £1,092.57
- Cunntas Àrd-rèidh - £251,224.66
- Cunntas Bhlas - £59,424.80

(c) Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2013

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2013 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Tabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean ann an 2013-14 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo. Thuirt Anne gun robh sinn air a bhith nas cruaidhe nuair a thigeadh e gu bhith cumail thabhartasan air ais gus an robh 'disclosure'/PVG aig a h-uile oide.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus bha iad ag aontachadh gum bu chòir dhuinn a

bhith cumail gu teann ris na riaghailtean a thaobh PVG.

(e) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2013

Chaidh na Cunntasan Bliadhnail sgrùdaichte, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh. Bha iad sin a' sealltainn call beag, ach bha a' mhaoin ghlèidhte againn gu math fallain fhathast.

Ghabh am Bòrd ris na cunntasan agus dheigheadh na cunntasan a mholadh dhan Choinneimh Bhliadhnail nas fhaide air an latha.

(f) Litir bho Mann Judd Gordon

Fhuaras litir bho Mann Judd Gordon, an Luchd-sgrùdaidh, le mìneachadh air na modhan obrach aca mar luchd-sgrùdaidh, agus bha iad ag iarraidh soilleireachadh air dè na dleastanasan a th' acasan agus a th' againne a thaobh an obair sgrùdaidh. Chaidh an litir sin a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird.

Thog an Luchd-sgrùdaidh na puingean a leanas:

(a) Bha iad den bheachd nach robh 'slighe sgrùdaidh' shoilleir ann a sheallas mar a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh a bhith toirt thabhartasan do na Fèisean;
(b) Bha iad den bheachd, nuair a tha Fèisean a' faighinn tabhartasan a bharrachd, nach eil coltas ann gu bheil pròiseas stèidhichte ann gus sùim an tabhartais aontachadh;
(c) Mhol iad gum bu chòir poileasaidh a bhith aig Fèisean nan Gàidheal do luchd-obrach a tha ag iarraidh draghan a thogail mu luchd-obrach eile/modhan obrach ('whistleblowing') msaa;
(d) Mhol iad, a rèir Achd na Brìbeireachd 2010, gum bu chòir do dh'Fhèisean nan Gàidheal modhan obrach a chur an sàs gus stad a chur air brìbeireachd.

Às dèidh dhaibh còmhradh mu dheidhinn, dh'aontaich am Bòrd gum bu chòir Fèisean nan Gàidheal Poileasaidh airson Innse mu Dhraghan agus Poileasaidh Brìbeireachd ullachadh.

Ge-tà, a thaobh (a) agus (b), bha am Bòrd toilichte leis mar a bha cùisean ag obair an-dràsta agus cha robh iad a' dèanamh dragh dhaibh mar a tha iad don luchd-sgrùdaidh.

Chaidh aontachadh gun cuireadh am Bòrd freagairt gu Mann Judd Gordon.

(g) Ath-fhastadh Mann Judd Gordon mar luchd-sgrùdaidh

Às dèidh dhaibh còmhradh mu dheidhinn, dh'aontaich am Bòrd moladh dhan Choinneimh Bhliadhnail gum bu chòir Mann Judd Gordon fhastadh a-rithist mar luchd-sgrùdaidh.

(h) Atharraichean air an t-Seirbheis Banca bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc

Chaidh aithisg a sgaoileadh ag iarraidh aonta bhon Bhòrd airson goireas bancaidh air-loidhne leasaichte bho Bhanca Dhail Chluaidh Plc.

Gheibh sinn seirbheis nas fheàrr le seo, far am bi cead againn suimeannan nas àirde a chosg gach latha ma tha sinn ag iarraidh. Seach gu bheil duilgheadasan air a bhith againn, chaidh an goireas ùr seo a thabhann dhuinn an asgaidh airson bliadhna. Ghabh am Bòrd ris a' ghoireas air-loidhne leasaichte mar a leanas:

Gu Banca Dhail Chluaidh Plc (leis na h-ainmean malairt 'Banca Dhail Chluaidh' agus 'Banca Siorrachd York') ('am Banca')

Tha mise, Fiona NicIain, Rùnaire a' Chompanaidh airson Fèisean nan Gàidheal a tha clàraichte fo Àireamh a' Chompanaidh SC130071 (an "Companaidh") a' dearbhadh gun do bheachdaich Bòrd Stiùiridh a' Chompanaidh air na Teirmean is Cumhachan airson na seirbheis bancaidh, 'Gnothachasan Air-loidhne', aig a' bhanca agus dh'aontaich iad:- (i) gun robh e gu buannachd a' Chompanaidh na cunntasan banca don Luchd-cleachdaidh agus na Rianairean Corporra, a tha sgrìobhte san fhoirm chlàraidh airson na seirbheis 'Gnothachasan Air-loidhne', a mholadh

agus gabhail ris na Teirmean is Cumhachan: agus (ii) ùghdarras a thoirt do stiùiriche no don rùnaire no neach-ceadachaidh ùghdarraichte eile nithean a dhèanamh fo chumhachan an fhoirm chlàraidh an lùib na seirbheis bancaidh, 'Gnothachasan Air-loidhne' aig a' Bhanca agus fo eàrr-chumha sam bith a bhios ann. Chaidh aontachadh ris an rùn a thug seachad an t-ùghdarras sin aig coinneamh dhligheach de Bhòrd Stiùiridh a' Chompanaidh a chaidh a chumail san dòigh cheart le quorum agus aig an robh làn bhuaidh.

Chaidh làmh a chur ris na sgrìobhainnean iomchaidh le Fiona NicIain (rùnaire a' chompanaidh) agus Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche).

3.2013.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Sgrùdadh Alba Chruthachail air Roinn a' Chiùil

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird le fiosrachadh air Sgrùdadh Alba Chruthachail air Roinnean a' Chiùil.

Bha e mar amas do na sgrùdaidhean:

- Sealladh farsaing a thoirt seachad air gach roinn bho thaobh cultarach
- Stiùireadh a thoirt do na prìomhachasan aig Alba Chultarail gus airgead a chur an seilbh san ùine ri thighinn
- Bun-stèidh a thoirt do dh'Alba Chruthachail a leigeas leotha feallsanachd nas ro-innleachdail a chur an sàs ann a bhith cur airgead an seilbh agus ann a bhith coimiseanadh obair

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg aig Alba Chruthachail agus am moladh a bha ga dhèanamh air Fèisean nan Gàidheal innte.

3.2013.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh.

Bhruidhinn Art MacCarmaig mu na còmhraidhean againn leis na daoine a tha cur air dòigh Geamannan a' Cho-fhlaitheis, agus sinn an dòchas gum bi ceòl traidiseanta agus Gàidhlig nam pàirt dhiubh. Tha Art an dòchas gum bi na Fèisean an sàs annta.

(b) Neach-trèanaidh airson nam Meadhanan Cruthachail is Didseatach

Bhruidhinn Art MacCarmaig air mar a dh'fhaodadh cothrom a bhith aig Fèisean nan Gàidheal Neach-trèanaidh airson nam Meadhanan Cruthachail is Didseatach fhastadh gus obair leis na làraichean-lìn, na meadhanan sòisealta msaa. Bhiodh cothrom ann, tron Sgeama airson Albannaich Òga agus Alba Chruthachail, maoineachadh luach £6,000 fhaighinn airson na dreuchd seo agus dh'fhaodadh Fèisean nan Gàidheal £6,000 den airgead aca fhèin a chur ri sin.

Bha Buill a' Bhùird toilichte le seo agus thug iad cead do luchd-obrach sanasan a sgaoileadh airson na dreuchd.

(c) Pròram na Coinneimh Bliadhnail & na Co-labhairt 2013

Chaidh Pròram a sgaoileadh airson an còrr den deireadh-sheachdain, a' gabhail a-steach na Coinneamh Bhliadhnail agus a' Cho-labhairt, agus thugadh fa-near dha agus chaidh aontachadh.

(d) Aithisg Bhliadhnail 2013

Chaidh Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal 2013 a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird agus chaidh aontachadh a sgaoileadh aig a' Choinneimh Bhliadhnail nas fhaide air an latha.

(e) **A' Taghadh Buill Ùra**

Thuirt Art MacCarmaig gun robh an ùine aig còignear bhall a' Bhùird a' tighinn gu ceann: Fiona NicIain, Bernard Bell, Catrìona Nic an t-Saoir, Seònaid NicDhòmhnaill agus Magaidh Chamshron. Bha dreuchd eile bàn cuideachd, às dèidh do Norma Gunn a dreuchd a leigeil dhith, agus mar sin dh'fheumadh sianar bhall ùra a thaghadh:

- 3 bho roinn na Gàidhealtachd
- 1 bho Earra-Ghàidheal
- 2 bho sgìrean eile

Dheigheadh fiosrachadh mu mar a tha na taghaidhean ag obrachadh agus foirmichean molaidh a sgaoileadh am measg nam Fèisean aig toiseach na Dàmhair. Bhathar an dòchas gum biodh na buill ùra nan dreuchdan airson Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh san Dùbhlachd. Gus an leanadh cùisean mar bu chòir, dh'fhuiricheadh na Buill a th' ann an-dràsta nan dreuchdan chun na coinneimh sin.

3.2013.06 **EILE**

(a) **Ceann-latha na h-ath choinneimh**

Thèid an ath Choinneamh den Bhòrd a chumail ann an Inbhir Nis air Dihaoine 13 Dùbhlachd (an togalach fhathast ri dhearbhadh).

Bidh seisean ann sa mhadainn airson buill ùra agus an uair sin thèid Coinneamh a' Bhùird a chumail.

(b) **Coinneamh de Bhuidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal**

Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird air a' phost-d mar fhiosrachadh.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2013.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le pròram-obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèiligeadh ris an ùine eadar 1 Giblean agus 30 Sultain 2013 a' sealltainn builean mu choinneimh dhleasdanasan bho Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) a dh'iarr ar prìomh bhuidhnean-maoineachaidh – Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (InG), Bòrd an Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB) mar phàirt de na h-aontaidhean leotha.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart nach ruighinn targaidean.
Ò (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh.
G (Uaine) = Air targaid.

Àir.		Dleastanas ann am Plana FnG	Adhartas	Ìre
Builean Alba Chruthachail				
AC1	Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Oifigearan Leasachaidh air an comharrachadh mar phrìomh oifigearan airson gach Fèis ris am faod na Fèisean bruidhinn sa chiad dol-a-mach nuair a tha iad feumach air seirbheisean Fèisean nan Gàidheal no taic le obair leasachaidh.	
AC2	Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'iarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisean ùra a stèidheachadh nuair a thig iarrtas bho choimhearsnachd is aon uair 's gu bheil Bòrd Fèisean nan Gàidheal riaraichte gu bheil an Fhèis ùr a' gabhail ri amasan is cinn-uidhe Fèisean nan Gàidheal.	
AC3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh taic-airgid a thabhann do 44 Fèisean tro Sgeama Thabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2013-14 a fhuair maoineachadh bho Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
AC4	Airgead a chur an seilbh Leasachaidhean Ùra tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Fhuair Fèis Fhoirt taic le tachartas aig Loch Laomainn cuide ri Karen NicMhathain san luchar. Tha sinn air iarrtas fhaighinn bho Fèis an Earraich	

			airson taic le pròg ram chlasaichean taobh a-muigh na clasaichean àbhaisteach aca.	
AC5	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn an-dràsta ag ùrachadh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne agus nì sinn a h-uile oidhirp cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh sa bhuidhinn againn fhìn agus anns na Fèisean. Chaidh fios do gach Fèis mu cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig agus gu bheil taic ann an cuideachadh le seo.	
AC6	Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma	Leasachaidhean Ùra	Bha Meanbh-Chuileag air chuairt le dealbh-chluich ùr stèidhichte air beatha John Muir tràth ann an 2013-14. Faicibh BnG10 gu h-ìosal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chaidh a chumail san luchar.	
AC7	Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile	Leasachaidhean Ùra	Shoirbhich a-rithist le tachartas còmhnaidheach, Còig Latha, a chaidh a chumail ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2013 far an robh 17 deugairean ag ionnsachadh ceòl is seinn agus cuideachd a' dol an sàs ann an diofar obraichean is chur-seachadan ann an coimhearsnachd Ghàidhlig, leithid fighe, seòladh, obair croitearachd, gearradh mòna is còcaireachd.	
AC8	Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thug an Sgioba-G taic a thaobh na Gàidhlig do 4 Fèisean aig a' Chàisg 2013.	
AC9	A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra	Chaidh coimisean a thoirt do Bhlair Douglas, fear-ciùil bhon Eilean Sgitheanach, òran ùr a sgrìobhadh a thèid a chleachdadh aig grunn Fhèisean mar chomharra air na Geamaichean Cho-fhlaitheis agus Bliadhna an Tilleadh Dhachaigh ann an 2014.	
AC10	A' cumail oirnn a' brosnachadh muinntir nam Fèisean gu bhith cruinneachadh, a' tasgadh is a' dèanamh feum de shusbaint a thàinig às an dualchas ionadail aca fhèin	Leasachaidhean Ùra	Tha Maoin Dualchais a' Chrannchuir air taic-airgid a thabhann son seo agus tha sinn gu bhith ag obair ann an co-bhonn ri Tobar an Dualchais. Tha sinn air a bhith a' crìochnachadh chùmhnant le HLP agus bidh sinn ann an suidheachadh òigridh a tharraing airson pàirt a ghabhail le sùil ri trèanadh a chur air dòigh san t-Sultain.	
AC11	A' cumail oirnn a' cur air adhart obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim, ann am compàirt ri YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd agus ann an roinnean ùghdarrasan ionadail eile nuair a gheibh sinn an cothrom	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Leanaidh YMI ann an Roinn na Gàidhealtachd sa bhliadhna sgoile 2013-14. Tro Fèisgoil, fhuair sinn cùmhnant ùr bho Chomhairle Rinn Friù agus thòisich sinn a' teagasg na fìdeig sna sgoiltean aca san Lùnastal.	
AC12	Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tro Fèisgoil, tha sinn air a bhith a' cur air adhart obair le sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Tha sinn air a bhith a' teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean Pheairt is Cheann Rois. Tha sinn air a bhith a' cuideachadh le ullachadh airson mòdan ionadail agus chùm sinn Meanbh-Fhèisean ann am Bun-sgoil Chaileanaich agus Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha sinn air cùmhnantan aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd airson	

			Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Ghallaibh is Loch Abar bhon Fhaoilleach 2014.	
AC13	Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta	Lìbhrigeadh Sheirbheisean/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chuir sinn trèanadh Gàidhlig air dòigh los gum biodh barrachd Gàidhlig ga cleachdadh ann an clasaichean nam Fèisean agus tha sinn an dùil cùrsaichean a chumail nas fhaide dhen bhliadhna airson daoine a tha a' gabhail pàirt sna Cèilidhean air Chuairt agus airson oidean is luchd-eagrachaidh. Faicibh InG6 gu h-ìseal airson fios mu thrèanadh son luchd-teagaisg.	
AC14	Thèid sinn an sàs, nuair as urrainn dhuinn, ann an obair chompàirt le fòraman a tha stèidhichte, nam measg tha Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba agus Fòram Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Nì sinn conaltradh mar as iomchaidh ri buidhnean eile is bidh sinn tric a' sgaoileadh fiosrachadh às leth bhuidhnean eile a tha an sàs ann an ceòl traidiseanta mar Fòram Ceòl Traidiseanta na h-Alba. Dh'obraich sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is an t-Oifigear Ealain is Cultair aca (a tha air a fhastadh ann an compàirt ri Alba Chruthachail) gus iomairtean dràma a chur air adhart is bidh sinn ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig is buidhnean eile gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air dràma Ghàidhlig. Bidh sinn a' co-obrachadh le Highlife Highland air Pròg ram nan Sgoiltean airson Blas agus leis a' Chomunn Gàidhealach ag ullachadh chloinne airson mòdan ionadail.	
AC15	Tuilleadh obair chompàirt a stèidheachadh còmhla ris an roinn choimeirsealta is sinn a' togail air an taic urrasachd a ghlèidh sinn do Bhlas	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh sinn gu gnìomhach a' sireadh taic-airgid bhon roinn phrìobhaideach ged is e obair dhuilich a tha seo. Cha deach leinn goistidheachd fhaighinn airson Blas 2013 ged a bhios sinn a' feuchainn a-rithist son 2014.	
AC16	Feum a dhèanamh de na cothroman a th' ann barrachd bathar a reic mar na leabhraichean, CDan, DVDan is eile aig na Fèisean	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn air bùth a stèidheachadh air ar làrach-lìn ùr is chithear gach seòrsa bathair a tha Fèisean nan Gàidheal a' reic an sin a-nis. Bidh sinn a' reic bathar bho na Fèisean eile agus nì sinn am feum as motha de na cothroman gus leabhraichean a reic aig consairtean nam Fèisean is tachartasan eile.	
AC17	A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Lochabair agus Fèis Fhoirt pàirt ann an cuirm shònraichte le Karen NicMhathain san luchar. Ghabh na Cèilidhean air Chuairt aig Fèis Rois pàirt ann an grunn fhèisean cliùiteach, nam measg Iomall Fèis Dhùn Èideann. Bidh na Cèilidhean air Chuairt a' cluich aig geamaichean eadar-nàiseanta iomain san Dàmhair/Samhain. Tha ìomhaigh nam Fèisean anns na Meadhanan aig ìre mhath agus tha sinn fhìn a' sgaoileadh naidheachdan gu cunbhalach a tha ri fhaicinn an seo http://www.feisean.org/ga/naidheachdan/index.php.	
AC18	Ann an compàirt ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd is Bòrd na Gàidhlig cumaidh Fèisean nan Gàidheal orra a bhith na phrìomh bhuidheann a tha a' cur air adhart is a' sìor leasachadh ceòl traidiseanta is na h-ealain Ghàidhlig an Alba	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha ar pròg ram obrach air fad ag amas air a' bhuil seo agus tha sinn den bheachd gu bheil ar pròg ram a' coileanadh an amais seo. Tha a' mhòr chuid den obair choiteachaidh sam bi sinn an sàs ag amas air leasachaidhean anns na h-ealain Ghàidhlig adhartachadh.	

AC19	Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith	Leasachaidhean Ùra/ Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Chaidh Blas 2013 air adhart san t-Sultain agus bha fèis shoirbheachail againn le 50 cuirm agus barrachd air 50 tachartas eile ann an coimhearsnachdan. Bha bàird is luchd-ciùil a Èirinn air Cuairt nam Bàrd a fhuair taic bho Cholmcille. Bha comisean ùr, Boraraig, againn bho Chalum MacCruimein agus Eun Beag Chanaidh le Theatar Nàiseanta na h-Alba. Bha Cèilidhean Taighe againn agus co-bhonntachd le Chomhairle nan Leabhraichean a chuir sgrìobhadairean air dòigh aig cuid de na cuirmean. Bha FilmG a' sealltainn cuid de na filmichean aca.	
AC20	ail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt	Leasachaidhean Ùra	Thèid taic a chumail ri 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2013 agus chluich iad aig còrr is 200 cèilidh is tachartas air feadh na h-Alba. Bha Fèis Rois a' cumail pròg ram farsaing de Trad Trails a-rithist, a thuilleadh air dà bhuidheann Cèilidh air Chuairt aca. Bha cuirm shònraichte aig Loch Laomainn le Karen NicMhathain, Fèis Fhoirt agus Fèis Lochabair.	
AC21	ail oirnn a bhith nar pàirt den iomairt gus Ro-innleachd Nàiseanta lain Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a' toirt taic do dh'obair an r Ealain Ghàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bidh Fèisean nan Gàidheal an sàs ann an lìbhrigeadh Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig a tha na phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-17. Bidh àite aig Fèisean nan Gàidheal ann a bhith lìbhrigeadh pàirtean dhe sin mar: a' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna h-ealain is sna meadhanan air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach tachartasan nàiseanta; a' cumail taic ri cothroman far am bi na h-ealain is meadhanan a' togail ìomhaigh na Gàidhlig; a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig farsaingeachd de dhaoine air diofar thachartasan ealain Gàidhlig; agus a' cur am meud nan cothroman a dhol an sàs sna h-ealain ann an suidheachaidhean a chuidicheas le bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh Gàidhlig agus a chòrdas ri daoine. Faicibh BnG18 gu h-ìseal mu chonaltradh leis an Oifigear Ealain is Cultarail.	
AC22	A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cuideachadh le obair ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig, gu sònraichte na sgìrean far a bheil luchd-obrach againn is far a bheil Fèisean. Bidh sinn a' tabhann cothrom air uidheamachd oifis is àite sna h-oifisean fhèin a bharrachd air a bhith a' dol an sàs ann an iomadach pròiseact. Faicibh BnG2 gu h-ìseal.	
AC23	Co-labhairt Bhliadhnail a chumail	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh Co-labhairt 2013 a chumail ann an Dùn Èideann air 27 is 28 Sultain. Bha Fiona Hyslop BPS, Rùnaire a' Chaibineit son Cultair agus Janet Archer, Ceannard Alba Chruthachail, a' bruidhinn aice.	
AC24	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh	Leasachaidhean Ùra	Taobh a-staigh nam buidseatan againn bheir sinn taic do dh'Fhèisean ionadail a tha airson an obair aca a leudachadh agus/no a tha airson	

			barrachd a dhèanamh is a bhith nas neo-eisimeiliche. Tha sinn a' tabhann ghoireasan pàighidh do dh'Fhèis Bharraigh, Fèis a' Bhaile is Fèis Spè agus tha sinn a' toirt taic don obair Fhèise, is cuid de na Leasachaidhean Ùra, aig Fèis Rois. Bidh sin nag obair cuide ri Fèis Spè ann an oidhirp ionmhas fhaighinn airson leasachaidhean a mhaoineachadh. Thèid coinneamh a chur air dòigh eadar Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Comhairle nan Gàidhealtachd agus sinn fhìn, airson còmhradh mu shlighe air adhart.	
AC25	A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha clàr agus sgeama is siùil dhearbhaidh PVG aig Fèisean nan Gàidheal a tha coitcheann do na Fèisean uile, a nì cinnteach gu bheil teisteanas Disclosure aig gach oide, neach-stiùiridh is neach saor-thoileach.	
AC26	A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn daonnan a' feuchainn ri piseach a thoirt air ar seirbheisean agus chaidh rannsachadh a dhèanamh an-uiridh am measg prìomh luchd-obrach nam Fèisean is buill nan comataidhean. Tha buaidh air a bhith aig toraidhean an rannsachaidh sin air ar modhan-obrach. Bidh sinn cuideachd a' measadh ar n-oidean YMI, a' sealltainn orra sna sgoiltean, gus na comasan aca a mheasadh agus gus moladh dhaibh ciamar a b' urrainn dhaibh piseach a thoirt air na dòighean-teagaisg aca. Thèid measadh bhon taobh a-muigh a dhèanamh bho àm gu àm air obair Fèisean nan Gàidheal le buidhnean a tha cur airgead an seilbh na h-obrach sin.	

Fiosrachadh Àireamhail

Obraichean (air an cruthachadh/gleidheadh) FTE	33.2	Teachd-a-steach bho mhalairt	£623,276	Buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh	0	Buidhnean coimhearsnachd le barrachd comais	6
Tabhartasan do dh'Fhèisean	£78,678	Cosgais iomlan obair nam Fèisean	£262,260	Teachd-a-steach iomlan a nì na Fèisean	£183,582	Stòrais ùra a nì teachd-a-steach	1
Tachartasan cultarach	339	Daoine a gheibh buannachd	22,945	Compàirtichean	2,151	Luchd saor-thoileach	251
Obair gus lìonraidhean a chruthachadh	6	Seirbheisean/goireasan ùra/leasaichte	1	Seiseanan leasachaidh don luchd-obrach	4	Luchd-trèanaidh	36
Cèilidhean air Chuairt	7	Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	15,726	Tachartasan an lùib nan Cèilidhean air Chuairt	204	Pròiseactan a nì feum do dh'eaconamaidh na Gàidhlig	4,220

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1	Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Tha Fèisgoil air a stèidheachadh agus tha sinn an-dràsta ag obair le grunn ùghdarras ionadail agus buidhnean poblach. The sinn an dòchas cùmhnant aontachadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus Gàidhlig a theagasg ann an sgoiltean Loch Abar agus Gallaibh.	

			Chuir sinn tagradh a-steach do na Cruinneachaidhean Nàiseanta airson cùmhnant a lìbhrigeadh leis an luchd-obrach aca a thaobh mothachadh mu Ghàidhlig agus Gàidhlig bhunaiteach. Tha sinn an sàs ann an conaltradh le Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Siorrachd Àir a Tuath, Comhairle Lannraig a Deas agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid mu chùmhnantan a lìbhrigeadh dhaibhsan.	
InG2	A' leantainn oirnn a' lorg chothroman coimeirsealta; a' dèanamh cinnteach gu bheil an teachd-a-steach bho mhalairt aig Fèisean nan Gàidheal na shùim a tha 35% de theachd-a-steach iomlan FnG, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Rinn sinn an gnothach air 53% a ruighinn ann an 2012-13 agus thathar an dòchas gun ruig sinn àireamh ceudad no nas àirde ann an 2013-14.	
InG3	17.5 obraichean lonann is Làn-thìde a ghleidheadh ann an sgìre obrach HIE air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	An-dràsta tha 14.2 obraichean FTE aig a' bhuidhinn. Ge-tà, le cothroman cosnaidh a bharrachd an lùib Fèisgoil is cùmhnantan eile tha sinn gu mòr an dòchas gum bi 17.5 obraichean FTE againn mar a tha HIE ag iarraidh. Ann an 2013-13 ràinig sinn 104.3 obraichean FTE.	
InG4	Obair a chur air adhart gu sònraichte ann an sgìrean cugallach, 3 Fèisean ùra is 5 pròiseactan eadar-ghinealaichean a chruthachadh sna sgìrean cugallach, ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	An-dràsta, a-mach à 37 Fèisean ann an sgìre HIE, tha 23 gan cumail ann an sgìrean cugallach. A thuilleadh air a bhith toirt taic do na Fèisean sin tha sinn ag obair còmhla ri Iomairtean Gàidhlig a tha ag obair ann an sgìrean cugallach ann an Leòdhas, Uibhist, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Abar. Chaidh 18 tachartasan Bhlais is 42 cèilidh leis na Cèilidhean air Chuairt a chumail sna sgìrean cugallach. Faicibh AC10 gu h-àrd airson fios mu phròiseactan eadar-ghinealaich. Bha 5 Latha gu math soirbheachail againn na bu thràithe air a' bhliadhna ann an Taobh an Iar Leòdhais, sgìre chugallach, le 16 deugairean agus grunn dhaoine bhon choimhearsnachd an sàs.	
InG5	Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015	Leasachaidhean Ùra	Chaidh adhartas mòr a dhèanamh ann an dràma Ghàidhlig ann an 2012-13, agus mar phàirt de Sgoil Shamhraidh Dràma 2013, bha taisbeanaidhean ann bho dà bhuidheann inbhich – Buidheann Dràma Chille Mhoire agus Cabraich Arts - cho math ris na taisbeanaidhean bhon òigridh aig Sabhal Mòr Ostaig ann an co-bhonn ris na Cèilidhean air Chuairt.	
InG6	A' cumail oirnn le taic do dh'oidean is luchd-eagrachaidh los gun ionnsaich iad sgilean ùra a thaobh sireadh maoineachaidh, dìon cloinne, Gàidhlig, ciad chobhair, riaghladh, coimpiutaireachd is dòighean teagaisg. Bidh 87 luchd saor-thoileach is 23 luchd-trèanaidh/oidean, bho sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, air a dhol tron phrògram aig Fèisean nan Gàidheal airson leasachadh sgilean, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha Fèisean nan Gàidheal a' leantainn orra a' toirt trèanadh do dh'oidean gu cunbhalach. Tha trèanadh do luchd-eagrachaidh a' tachairt gu h-ionadail seach aig Fèis Trèanaidh bhliadhnail, a' cumail ri toraidhean rannsachadh a chaidh a dhèanamh an-uiridh. Chaidh trèanadh Gàidhlig air adhart sa chiad ràith airson oidean Fèisgoil le tuilleadh san amharc nas fhaide air adhart air a' bhliadhna. Bidh a' mhòr-chuid de thrèanadh do dh'oidean ga thabhann sa Ghearran is sa Mhàrt gach bliadhna, ach tha sinn an-dràsta a' coimhead ri iarrtas bho Fhèis Ghàidhlig Ghlaschu trèanadh airson oidean a chur air	

			dòigh dhaibh ann an Glaschu.	
InG7	A dhèanamh cinnteach gu bheil 8,206 compàirtichean/luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am pròg ram sgilean nam Fèisean, ann an sgìre obrach na Gàidhealtachd is nan Eilean aig HIE, ro 31 Màrt 2015	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn an ìre mhath cinnteach gun coilean sinn an targaid seo airson 2015 agus chìthear na figearan airson an dàrna ràithe de 2013-14 gu h-àrd fo Fhiosrachadh Àireamhail.	
InG8	Sanasachd ga dèanamh air Cèilidhean air Chuairt is Fèis Bhlais gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta agus iad nan tarraing mhòr a thaobh cùisean turasachd chultarach, ro 31 Màrt 2015.	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn ri oidhirpean mòra gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta, agus tha sinn ag obair nas dlùithe còmhla ri VisitScotland is EventScotland is companaidhean turais fa leth gus an dèan sinn sanasachd nas fharsainge air an dà iomairt. Tha againn fhathast ri seisean trèanaidh a chumail tron t-siostam Stiùireadh Chunntais aig InG agus an dèidh sin seisean air margaideachd eadar-nàiseanta le SDI, ach tha trioblaidean air a bhith ann làithean aontachadh son a leithid.	
InG9	Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh	Leasachaidhean Ùra	Faicibh AC17 gu h-àrd. Bha coinneamh againn leis na buidhnean a tha an sàs sna Geamaichean Cho-fhlaitheis agus tha sinn fhathast ann an conaltradh riutha mu na Fèisean a' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an 2014.	
InG10	Sgrùdadh a dhèanamh air ar dleastanasan, freagarrachd is èifeachd Bòrd Fèisean nan Gàidheal, ro 31 Màrt 2013	Leasachaidhean Ùra	Chaidh seo a dhèanamh agus tha InG sàsaichte mun chùis.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Fianais air taic phractaigeach don Sgeama Comhairleachaidh Phàrantan, le trèanadh do luchd-obrach ùr agus dearbhadh air taic ga thoirt do phàrantan.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn a' cumail taic ri sgeama comhairleachaidh pàrant ann an iomadh dòigh; tro thachartasan sònraichte, na h-Iomairtean, fiosrachadh aig Fèisean agus Blas. Tro ar làrach-lìn agus a' brosnachadh naidheachdan agus cothroman tro na lìonraidhean a th'againn air loidhne agus ar stòr-data tha sinn a' cumail taic. Tha Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' cumail taic do Chomann nam Pàrant Port Rìgh. Faicibh BnG4.	
BnG2	Dearbhadh air co-dhiù 500 uair a thìde de thaic phractaigeach air a thoirt do dh'Iomairtean Ghàidhlig air feadh Alba.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn ag obair mar phàirt de gach Iomairt tro obair Fèisean nan Gàidheal, ar luchd-obrach agus na Fèisean gu h-ionadail. Chaidh 7 Fèisean air adhart ann an sgìrean Iomairt tron t-Shamhradh agus bha 23 consartan Blas air an chur air dòigh ann an coimhearsnachdan ann an sgìrean Iomairt. A bharrachd air seo bha am pròg ram sgoile a' cur ris na bha tachairt sna diofar sgìrean. Chaidh an sgoil Shamhraidh Dràma a chumail anns an Eilean Sgitheanach agus bha na Cèilidhean air Chuairt an sàs ann an iomadh tachartas anns na diofar sgìrean. Bidh luchd-obrach na buidhne uile a' cur ris na h-iomairtean anns na diofar phròiseactan anns a bheil sinn an sàs. Tha sinn cuideachd a' cur Cofaidh is	

			Còmhradh air adhart gach Dimàirt ann an oifis Phort Righ.	
BnG3	Fios às ùr gach ràithe air cuir an gnìomh Poileasaidh Gàidhlig na buidhne, le co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Thèid Poileasaidh Gàidhlig na buidhne ùrachadh agus fhoillseachadh ro dheireadh na bliadhna, a' bhios a' togail air soirbheas a' phoileasaidh a chaidh a chur an gnìomh bho 2009. Tha na Fèisean a' leasachadh agus a' leudachadh nan dòighean sa bheil iad a' cur a' phoileasaidh an gnìomh le taic cunbhalach bhon sgioba againne. Bidh luchd-obrach na buidhne a' faighinn co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh tron bhliadhna a tha stèidhichte air cànan no cuspairean a tha air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig. Thèid an ath latha a chumail san Dùbhlachd.	
BnG4	air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Tha sinn air a bhith co-obrachadh leis a' mhòr-chuid de na buidhnean Gàidhlig air a' bhliadhna seo. Air a' bhliadhna seo tha sinn air a bhith ag obair le Stòrlann air goireasan-teagaisg agus a' lìbhrigeadh bùithtean-obrach aig An t-Alltan. Tha sinn air a bhith ag ullachadh co-fharpaisichean òga a bha a' gabhail pàirt anns na mòdan Ionadail ann an co-bhonn ris a' Chomuinn Ghàidhealaich. Bha seo gu math soirbheachail le luchd-teagaisg agus na mòdan ionadail a' moladh na taic seo. Tro Bhlas bha sinn ag obair le Clì, Comhairle nan Leabhraichean agus An Comunn Gàidhealach, ceanglaichean a tha a' sìor nearteachadh. Anns na miosan a tha romhainn bidh sinn a lìbhrigeadh bùithtean-obrach airson Film-G, a' toirt taic do sgoilearan a' cruthachadh sgriobtaichean agus gan clàradh. Bidh sinn a' frithealadh nan coinneamhan Iomairt anns na diofar choimhearsnachdan agus a' cumail taic ri diofar bhuidhnean eile tro na lìonraidhean againn. Bidh Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' cumail taic do Chomann nam Pàrant Port Rìgh le goireasan rianachd agus a' frithealadh choinneamhan na buidhne airson cuideachadh leis an obair aca a thoirt air adhart.	
BnG5	Fianais air co-obrachadh le Ùghdarrasan Poblach gus na Planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh	Leasachaidhean Ùra	Tha sinn a' co-obrachadh le Ùghdarrasan Ionadail air feadh na dùthcha le obair nam Fèisean, Blas, Dràma agus seirbheisean a tha sinn a' tabhann tro Fèisgoil. Bidh a' mhòr chuid den obair seo a lìbhrigeadh amasan nam Planaichean Gàidhlig aca. Faicibh InG1 gu h-àrd airson adhartais le Fèisgoil. Bidh sinn cuideachd a' togail nan ceangalaichean againn le buidhnean poblach agus tha sinn mar thà air a bhith ag obair gu dlùth le Dualchas Nàdar na h-Alba air tachartasan Blas agus nan Cèilidhean air Chuairt. Bidh	

			sinn cuideachd ag obair còmhla ri Alba Aosmhor anns an Dàmhair a' cur air dòigh cuairtean Gàidhlig airson bun-sgoiltean timcheall Caisteal na Sròine.	
BnG6	Lethbhreac de shanasan naidheachd agus sanasan tachartasan air a chur air adhart gu Bòrd na Gàidhlig mus tèid iad an sgaoileadh, ma tha maoineachadh bho Bòrd na Gàidhlig co-cheangailte ris a' phròiseact.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha sinn a' cur a h-uile sanas naidheachd air adhart don Bhòrd 's tha cothrom ann aithris a chuir annta ma tha e iomchaidh agus ma tha airgead a' Bhùird an sàs sa phròiseact.	
BnG7	hadh air na h-àiteachan far a bheil a' bhuidheann ag obrachadh – obrach, pròiseactan aig ìre ionadail agus aig ìre nàiseanta.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Tha seo air a dhearbhadh ann an aithisg ràitheil a tha dol chun a' Bhuird agus sa mhapa a tha an lùib ar n-Aithisg Bhliadhnail a chaidh foillseachadh san t-Sultain.	
BnG8	mu dà-chànanas/foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Blas agus cothroman sanasachd do Bhòrd na Gàidhlig aig asan na Fèise.	Leasachaidhean Ùra	Tha seo air nochdadh sa bileag a' sanasachadh Blas air-loidhne agus bha fiosrachadh ri fhaighinn aig gach tachartas Blas am-bliadhna. Bha Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' sanasachadh learngaelic.net air na tiogaidean airson Blas.	
BnG9	20 àrd-sgoilear a' gabhail pàirt ann an 5 Latha, tachartas aidh cultarach, aig àm na Càisge 2014.	Leasachaidhean Ùra	Thèid 5 Latha 2014 a shanasachd a dh'aithghearr agus bidh an tachartas a' ruith eadar 14-19 Giblean.	
BnG10	20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an sgoil shamhraidh dràma.	Lìbhrigeadh Sheirbheisean	Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dhrama a chumail air a' chiad chola-deug de shaor-làithean an t-Samhraidh. Ged nach robh ach aon-sgoilear-deug a' gabhail pàirt am-bliadhna dh'ionnsaich iad an t-uamhas sgilean co-cheangailte ri cleasachd agus a' cruthachadh pìosan ùr de dhràma. Bha ìre cleasachd agus comasan cànain nan sgoilearan air leth math is thug iad seachad taisbeanaidhean sònraichte dè dhealbhan cluiche do chòrr is 80 neach-èisteachd ann an Talla Dhonaidh Chaimbeil aig Sabhal Mòr Ostaig. Faicibh InG 5 gu h-àrd.	
BnG11	Taic ga thoirt ri co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.	Leasachaidhean Ùra	Tha e na phrìomhachas aig Fèisean nan Gàidheal a bhith a' cumail taic ri na Fèisean 's tha seo a leantainn mar bu chòir.	
BnG12	Turas sgoiltean Gàidhlig fad 6 seachdain.	Leasachaidhean Ùra	Bidh an turas seo a' dol air adhart sa bhliadhn' ùir. Thathas a beachdachadh air cuspairean an-dràsta a bhios iomchaidh airson na cuairt. Bidh sinn a' coimhead ri cothroman obair Mheanbh Chuileag a leudachadh an dà chuid ann an àrd-sgoiltean agus ann am bun-sgoiltean far nach eil Gàidhlig air a teagasg cuideachd.	
BnG13	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.	Leasachaidhean Ùra	Tha an obair seo a' leantainn fad na h-ùine le bùithtean-obrach ann am bun-sgoiltean agus ann an àrd-sgoiltean. Tha sinn làn dhùil gum bi barrachd air 80 bùth-obrach a' tachairt am-bliadhna ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.	
	Ceangal ga thogail le Theatar Nàiseanta na h-Alba agus Theatair Òigridh na h-Alba.	Com-pàirteachas agus Cùmhnantan	Bha sinn ag obair ann an co-bhonn le Theatar Nàiseanta na h-Alba air 'Eun Beag Chanaidh' aig Blas. Tha sinn an dòchas an ceangal seo a chumail agus còmhraidhean a thòiseachadh le Theatar Òigridh na h-Alba anns an ùine ri	

			teachd.	
Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2013 air 27/28 an t-Sultain ann an Bun-sgoil Taobh na Pàirce, Dhun Eideann agus ann Taigh-òsta Malmaison.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnstramaidean diofarach airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Tha tòrr duine ag iarraidh bogsa-ciùil agus clarsaich airson clasaichean aig an àm seo.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh**

Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile.

Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**
Ceangailte ri BnG10.

Ainm	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Drama**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC5 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

Mar phàirt de phròram sgoiltean Blas chaidh mi air chuairt fad seachdain le tionndadh Beurla aon-neach den dealbh-cluiche. Thadhail mi air na bun-sgoiltean a leanas: Taigh an Uillt, Cill Chrèanan, Am Barra-calltainn, an Apainn, Drochaid Ruaidh, Drochaid an Aonachain, Bainbhidh, Baile a' Chaolais agus Bun-sgoil na Ban-naoimh Brìghde. Ged a bha e na bu choltaiche ri bùth-obrach seach dealbh-cluiche, dh'obraich e air leth math. Aig deireadh na Samhain thadhail mi air bun-sgoiltean ann an Ceann Loch Raineach agus Gleann Lìomhainn leis an aon dealbh-cluiche, is tha mi gu bhith bruidhinn ri oifigear Iomairt Ìle is Diùra mu bhith tadhal orrasan sa bhliadhna ùr.

Panto
Tha Seasaidh agus Sgeul nan Sàilean Seunta air an rathad an-dràsta. Bidh Aonghas, Shona, Eilidh Daniels agus mi fhìn a' taisbeanadh a' phanto 16 turas thàr 10 latha – a' mhòr-chuid ann an sgoiltean, ach le taisbeanaidhean poblach ann an Inbhir Nis agus Slèite.

Fèisean Dràma
Bidh sinn a' ruith a' phròiseict a-rithist sa bhliadhn'-ùir. Ged a tha na h-àireamhan an-dràsta gu math ìseal anns an Àpainn, thuirt an ceannard gum biodh iad deònach a bhith an sàs an ath-bhliadhna. Ged nach bi Christine an lùib a' phròiseict an ath-bhliadhna, bu mhath leam taing a thoirt dhìth airson na rinn i rè nan seachd bliadhna a bha i an sàs.

Sgoil Shamhraidh
Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**
Bha mi an sàs ann a bhith a' cur ri chèile stuthan airson Sgioba G aig Fèis Lochabair, Fèis Dhùn Èideann agus Fèis Cheann Loch Goibhle am-bliadhna, ged nach robh mi an sàs ann a bhith ga lìbhrigeadh.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**
Chaidh am panto a tha air an rathad an-dràsta a sgrìobhadh gus a bhith furasta do chloinn a thuigsinn, ach aig an aon àm a' toirt dhaibh grunn fhaclan is abairtean ùra.

Thathar an dòchas gum bi suas gu 10 sgoiltean a' tadhal air Casiteal na Sròine mar phàirt de cho-obrachadh a bhios a' dol air adhart eadar sinne agus Alba Aosmhor. Ged a bha sinn an dùil an obair seo a dhèanamh san Dàmhair, tha e nise air a chur dheth gu toiseach na bliadhna.

Chùm mi ceithir bùthan-obrach aig an Alltan Bheag, co-labhairt an Stòrlainn do thidsearan ro-sgoile. Chaidh gu math leam, is tha mi air iarrtasan fhaighinn bho bhuidhnean eile an aon seòrsa bùth-obrach a dhèanamh a-rithist.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**
Mar a thuirt mi gu h-àrd tha mi an sàs ann an leasachadh Fèisgoil. Tha leasachadh stuthan teagaisg a' leantainn. Tha sinn an-dràsta a' coimhead ri dòighean gus luchd-teagaisg dràma ùra a thrèanadh.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd**

air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair

Faic gu h-àrd airson fiosrachadh mu Fhèis Dhràma Earra Ghàidheal is Loch Abar.

Faic gu h-ìseal airson fiosrachadh mu SSD2013.

Tha sinn fhathast a' feitheamh air soilleireachadh a thaobh maoineachadh is stiùireadh ge-tà a thaobh pròiseact Homecoming Chas Dhòmhnallaich.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig**

Bidh Panto 2013 ri fhaicinn sa mhòr-chuid de na sgìrean Iomairt.

Tadhlaidh Meanbh-chuileag air a h-uile sgìre Iomairt ann an 2014.

Tha mi air obair a dhèanamh ann am Muile is Àird nam Murchan às leth FilmG am-bliadhna mar-thà, is bidh mi ag obair ann an Àrd-sgoil Loch Abar aon uair 's gum bi am panto deseil.

Thèid an Sgoil Shamhraidh a chumail am Port Rìgh a-rithist am-bliadhna.

Thathas an dòchas gum bi na trì Bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Loch Abar an sàs ann am Pròiseact Dràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar an ath-bhliadhna.

Ged nach bi i a' gabhail àite ann an sgìre Iomairt, bidh seachdain Chaisteal na Sròine fosgailte do sgoiltean bho air feadh Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Bha sinn soirbheachail le tagradh do Thaighean-tasgaidh na h-Alba gus seiseanan aire na Gàidhlig a lìbhrigeadh don luchd-obrach aca. Thòisich an obair seo san t-Samhain, is 's e mi fhìn is Art a chuir na stuthan-teagaisg còmhla.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG1 **Seirbheis Ealain is Ghàidhlig airson Foghlam a stèidheachadh, a bhios ag amas air Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh tro Aontaidhean Seirbheis le Ùghdarrasan Ionadail is buidhnean eile san roinn phoblaich, ro 31 Màrt 2015**

Bha mi an làthair aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba far am robh cothrom againn coinneachadh ri tidsearan, ughdarrasan ionadail agus buidhnean eile gus Fèisgoil a shanasachd.

Thuige seo tha sinn air dà latha trèanaidh a chur air dòigh do luchd-teagaisg ùra.

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Faic aithisg Aonghais airson fiosrachadh. Tha Eden Court an imis tagradh maoineachaidh ùr a chur a-staigh gus an obair a chumail a' dol.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Tha obair gus leabhran taice do thidsearan a tha ag iarraidh dealbhan-cluiche a dhèanamh sna clasaichean aca fhèin, às leth an Stòrlainn, a-nise deiseil. Mar phàirt de sheiseanan an Alltain Bhig chuir mi ri chèile leabhran stiùiridh air mar a chleachdar pupaidean le clann òga.

Chaidh iarraidh oirnn a bhith an sàs ann an seachdain Dhùn Èideann (CnamP) as t-earrach an ath-bhliadhna.

Bidh sinn a' lìbhrigeadh cuairtean Gàidhlig do dh'Alba Aosmhor aig toiseach na bliadhna..

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha FnG ann an conaltradh le grunn ughdarrasan an-dràsta mu Fhèisgoil.

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dhràma a chumail ann am Port Rìgh, le 11 com-pàirtiche an sàs, às gach ceàrnaidh den dùthaich.

Bidh sinn a' cumail SSD2014 ann am Port Rìgh a-rithist, ach 's e an diofar as motha a bhios ann gum bi sinn ag obair air aon dealbh-cluich fada, seach caochladh de dhealbhan-cluiche goirid.

BnG11 **Cuairt 6 seachdainean le Meanbh-Chuileag timcheall sgoiltean Gàidhlig**

'S e mise a bhios a' sgrìobhadh is a' lìbhrigeadh dealbh-cluiche 2014 – dealbh-cluiche aon-neach mun Chogadh Mhòr. Thèid seo a thoirt timcheall sgoiltean thar trì no ceithir mìosan.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Ruigidh sinn an targaid seo gu fursta, eadar an Fhèis Dhràma, pròiseact nan àrd-sgoiltean, bùthan-obrach Blas is obair Film G.

BnG13 **A' cumail 20 tachartas do suas ri 3,000 sgoilear air a' Ghàidhealtachd tro phròg ram coimhearsnachd Bhlais**

Thadhail mi air 9 bun-sgoiltean rè seachdain Blas le Seonaidh a' Mhonaidh (ann am Beurla). Chunnaic mi timcheall air 230 duine-chloinne.

BnG14 **Conaltradh cunbhalach leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail**

Bidh sinn a' bruidhinn gu tric ri Brian, is bidh sinn a' cur thuige fios mus a h-uile rud a nì sinn.

Ainm	**Rachel Harris**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Nam dhreuchd mar Oifigear Leasachaidh na Giadhealtachd bidh mi ag obair gu dlùth ri aon fhèis deug, a' toirt dhuibh taic agus comhairle le caochladh phròiseact. Bidh mi a' toirt taic a bharrachd dhan dà fhèis aig a tha a' gabhail pàirt anns an sgeama Cèilidh air Chuairt. Bidh mi ag aithris chùisean iomchaidh dham mhanaidsear mar a nochdas iad agus a co-comhairleachadh ris na co-obraichean agam air dòighean a leasachadh gus taic a thoirt gu fèisean leis na tachartasan agus planaichean leudachaidh aca.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho dhiofar thobraichean maoineachaidh**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach do na Fèisean san sgìre agam gus foirmichean-tagraidh a chur a-staigh airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh gus taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach. An-dràsda tha mi a' cur choinneamhan air dòigh ris a h-uile fèis gus bruidhinn air na planaichean, beachdan leasachaidh is buidseatan aca airson na bliadhna ri thighinn. Bidh mi gan cuideachadh an uairsin leis na h-iarrtasan aca do Sgeama Tabhartasan Fèisean nan Gàidheal 2014-15.

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach dha na fèisean is iad a' cur nam planaichean Gàidhlig aca an gnìomh, m.e. taic le eadar-theangachadh airson stuth-sanasachd agus cuideachadh gus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig fhastadh. Bidh mi cuideachd ag obair còmhla ri luchd-obrach eile Fèisean nan Gàidheal Aonghas MacLeòd agus Dougie Beck gus cuideachadh agus brosnachadh a thoirt dha na fèisean Sgioba-G a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan tachartasan aca.

Bho chionn goirid thug mi cuideachadh do dh' Fhèis Inbhir Narainn gus clàr cluich dà-chànanach a mhaireas 12 seachdain a chruthachadh airson compàirteachan nan clasaichean leantainneach aca. Bhathar ag amas air dà rud le seo: sa chiad dol a-mach bhathar airson a' Ghàidhlig a chur air adhart mar chànan le bhith a'

mìneachadh beagan mun eachdraidh, mun t-siostam lìtreachas agus le bhith a' cur lìtreachas phonetic agus abairt ciùil eadar-dhealaichte ann gach seachdain cuideachd; agus a bharrachd air sin a bhith a' tarraing phàrantan a-staigh dhan ghnothach agus a bhith a' cur ceòl traidiseanta air adhart mar chuspair cheart seach cur-seachad faoin. Tha an fhèis air measadh math fhaighinn air seo bhon dà chuid compàirtichean agus am pàrantan agus sinn a-nis a' coimhead air a sgaoileadh gu fèisean agus oifigearan leasachaidh eile. Ged gur ann air luchd-tòiseachadh a tha an leabhran seo ag amas, ghabhadh e leasachadh airson luchd-ionnsachaidh nas adhartaiche agus fileantaich.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' libhrigeadh ceòl traidiseanta**

Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachaidh mu chothroman trèanaidh agus tachartasan air post-d, an làrach-lìn agus na meadhanan-sòisealta.

Tha mi ag obair leis an Oifigear Trèanaidh againn, Iona NicDhòmhnaill airson làithean trèanaidh ionadail a chur air dòigh airson nam Fèisean anns an sgìre agam ro dheireadh a' Ghearrain.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair**

Bho chionn ghoirid ghabh sianar chompàirtichean òga nam fèisean pàirt ann an iomlaid chulturach le taic-airgid bho Cholmcille agus ann an co-bhonn leis a' Chomann Chamanachd. Thàinig Tigh na Coille, sgoil ciùil Èireannach, a dh' Inbhir Nis airsin an darna turas is iad a' cluich còmhla ris a' bhuidhinn Albannach aig geamaichean iomain na h-Alba is na h-Èireann aig Pàirc Bught ann an Inbhir Nis air 2 den t-Samhain, is mu 2000 neach an làthair. Bhathar a' cur cuideam mhòr air Gàidhlig na h-Alba is na h-Èireann agus sgaoileadh teachdaireachdan trì-cànanach agus dealbhan tro na meadhanan sòisealta tron deireadh sheachdain gus aire a thàladh ri seo.

A' coimhead air adhart gu 2014 is an sreath iomain seo agus am Mòd Nàiseanta a' tighinn a dh' Inbhir Nis aig a' cheart àm thathar an dòchas an iomlaid seo a leudachadh is na ceanglaichean ri Èirinn neartachadh. Tha iomlaid leantainneach air-loidhne a' dol eadar Tigh na Coille agus na h-Albannaich gus storas coitcheann a chruthachadh de cheòl na h-Alba is na h-Èireann. Thathar an dòchas iarrtas a chur a-staigh gu Colmcille a-rithist an ath-bhliadhna agus taic-airgead a bharrachd a lorg gus tuilleadh thaisbeanaidhean ciùil a chur ris a' ghnothach anns na sgoiltean agus aig cuirmean-ciùil. Thathar an dòchas cuideachd gun tèid aig a' GAA taic a thoirt gus turas tillidh a chur air dòigh a dh' Èirinn airson a' chiad phàirt den t-sreath seo ann an 2014 is barrachd chothroman sanasachd a dhèanamh air obair Fèisean nan Gàidheal an cois sin.

Bidh Fèis Spè a' cur fàite air buidheann Èireannach eile aig deireadh an Ògmhios 2014 is Ceol Na Coille, sgoil chiùil eile à Dùn nan Gall, a' dèanamh air an Aghaidh Mhòir. Bithear a' toirt cuireadh gu compàirtichean a' Chèilidh air Chuairt 2013 a bha an sàs anns an turas a Leitir Cheannain am bliadhna pàirt a ghabhail anns an phàirt seo dhen phròiseact. Bidh an dà bhuidheann stèidhichte ann am Bada a Ghiùthais airson seachdain is iad a' gabhail pàirt ann am bùthan-obrach còmhla agus an uairsin a' cluich aig cuirmean ciùil poblach air feadh na sgìre còmhla. Tha Fèis Spè cuideachd airson 's gun gabh an Còmhlan Òigridh aca pàirt anns na tachartasan seo cuideachd.

Bha luchd-ciùil bho Chèilidh air Chuairt Fèis Spè cuideachd a' cluich aig an fhèis 'Perthsire Amber' aig toiseach an t-Samhain agus tha an Còmhlan Òigridh trang a' cluich aig tachartasan ionadail leithid coinneamh bhliadhnail Snowsports Scotland agus cèilidh Club Sgithidh a' Mhonaidh Ruaidh. Bidh a' bhuidheann Cèilidh air Chuairt cuideachd a' cluich aig cuirmean-ciùil is cèilidhean eadar an Nollaig is a' Bhliadhn' Ùr is sin na chothrom barrachd sanasachd a dhèanamh air Fèisean nan Gàidheal agus gu h-àraid an sgeama Cèilidh air Chuairt.

AC19 **Fèis Bhlais a chur air adhart mar fhèis aig a bheil ceòl, Gàidhlig agus òigridh, agus a leudachadh gus am bi filmichean, sgrìobhadairean, biadh is deoch mar phàirt dhith**

Bidh mi a' toirt taic do Bhlas mar a tha iomchaidh.

AC20 **A' cumail oirnn a' toirt taic don lìonra de Chèilidhean air Chuairt**

Bidh mi a' toirt taic leantainneach do lìonradh nan Cèilidh air Chuairt le bhith a' cuideachadh mo cho-obraichean mar a tha iomchaidh. Tha mi an dòchas agallamhan Fèis Spè agus Fèis Chataibh fhrithealadh

anns a' Ghearran agus anns a' Mhàrt 2014 agus tha mi gan cuideachadh an-dràsda gus na tagraichean mu dheireadh aca a chur a-staigh airson na tha air fhàgail dhen taic-airgid aca airson 2013.

AC24 **A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh**

Tha mi a' cumail orm le bhith a' toirt taic ri leasachaidhean nam fèisean le bhith a' conaltradh riutha gu cunbhalach, a' frithealadh choinneamhan planaidh agus a' tabhann comhairle air beachdan leasachaidh. M.E air thoiseach air na clasaichean àbhaisteach aca chùm Fèis Farr 'Latha Fealla-dhà' airson teaghlaichean a bha gu math soirbheachail is seo a' chiad turas aca a' cur tachartais a leithid air dòigh. Tha Fèis Spè airson barrachd a dhèanamh air taobh sear Pàirc a' Mhonaidh Ruaidh, m.e. tha iad air am pròiseact ealain 'Cogadh is Draoidheachd' a stèidheachadh le Bun-sgoil Srath Dheathain is taisbeanadh lèirsinneach claistinneach air èirigh a-mach à sin.

Builean Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

InG5 **Rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh iomairtean dràma Ghàidhlig is iomairtean eile co-cheangailte ris a' choimhearsnachd a stèidheachadh, ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt bunaiteach mar Sabhal Mòr Ostaig ro 31 Màrt 2015**

Bidh mi ag oabir ris an sgioba Dhràma againn feuch an gabh iomairtean dràma Gàidhlig a stèidheachadh airson inbhich.

Bho chionn ghoirid chùm Fèis an Iar Thuath is Am Parbh, a' bhuidheann taic aice, deireadh seachdain bogaidh sa Ghàidhlig airson inbhich aig ìre-tòiseachaidh is ìre-meadhanach agus tha an fhèis an dùil clasaichean Gàidhlig a thairgse do dh' inbhich an cois na prìomh fhèis aice sa Ghearran.

InG9 **Trì mòr-thachartasan nàiseanta a chumail; a nì taisbeanadh air dualchas Gàidhlig na sgìre do bharrachd dhaoine an dà chuid san dùthaich seo agus thall-thairis agus iad a' dol an sàs ann an tachartasan is fèisean a tha freagarrach dhaibh**

Faicibh targaid AC17.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG5 **Fianais air conaltradh le Ùghdarrasan Ionadail gus leudachadh air a' cho-obrachadh còmhla riutha agus sinn gan cuideachadh le bhith cur an gnìomh eileamaidean de na Planaichean Gàidhlig aca tron t-Seirbheis Ealain is Ghàidhlig aig Fèisean nan Gàidheal**

Tha mi a' toirt taic leantainneach do dh' Fhèis Spè gus tachartasan ùra a chur air dòigh ann an sgìre Pheairt.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Faicibh targaid AC1.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG1 **An àireamh de dhaoine òga a tha a' dol gu Fèisean is clasaichean air a' Ghàidhealtachd a ghlèidheadh (stèidhichte air àireamh 2011-12 a bha aig 3,408)**

Bidh mi ag obair gu dlùth ris na fèisean san sgìre agam gus àireamhan chompàirteachan nam fèisean a ghleidheadh agus àrdachadh. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis a' leasachadh thachartasan ùra gus feumlachdan nan compàirtichean a choilionadh mar a thèid na sgilean aca am feabhas. Tha dà thachartasan fa-near do dh' Fhèis Spè a tha ag amas air deugairean ann an S1-6, fear dhiubh an an co-bhonn ri Fèis Rois agus fear eile le Fèis Inbhir Narainn. A bharrachd air a bhith a' tairsge oideachais iomchaidh a-rèir aois agus sgilean tha na tachartasan seo cuideachd a' brosnachadh cheanglaichean eadar fèisean fa-leth agus co-obrachadh ùr eadar luchd-ciùil òga à sgìrean eadar-dhealaichte.

Aig a' cheann eile tha fèisean eile leithid Fèis Inbhr Narainn agus Fèis Mhoireibh airson Fèis Bheag a chur ris na programman aca gus feumlachdan an fheadhainn bheaga a choilionadh.

A bharrachd air sin tha Fèis an Iar Thuath an dùil a dhol a-staigh dha na sgoiltean ionadail agus bùthan-obrach ciùil a chumaill annta gus beagan sanasachd a dhèanamh air an fhèis. Tha Fèis Farr cuideachd a' beachdachadh air luchd-oide a chur a-staigh dha na sgoiltean ionadail gus na clasaichean aca a chur air adhart air thoiseach air an Earrach.

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd**

Bidh deich Fèisean san sgire agamsa a tachairt ann an Roinn na Gàidhealtachd.

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

Thathar a' brosnachadh nam fèisean gu lèir Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's a ghabhas an cois nan

tachartasan aca. Bidh mi ag obair gu dlùth ris an sgioba leasachaidh gus taic a thoirt dha na fèisean le eadar-theangachadh, tachartasan Gàidhlig agus luchd-oide aig a bheil Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris an aon fhèis deug san sgìre agam anns na beagan seachdainean a tha romhainn gus bruidhinn air na h-iarratsan aca airson an sgeama thabhartasan agus bidh sinn a' toirt sùil còmhla air na planaichean is gnìomhan Gàidhlig aca. Tha cuid mhath de na fèisean a-nis ag aithneachadh na buannachd le bhith a' cur na Gàidhlig air adhart sna coimhearsnachdan aca s iad a' coimhead air dòighean gus brosnachadh a thoirt do bhuill chomataidh agus luchd-obrach saor-thoileach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

Ainm	**Vicky NicIlleathain**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh Loch Abar**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan**

Tha mi tric a' cumail conaltradh ris na h-ochd Fèisean a tha mi a' cuideachadh. Bidh mi aig a h-uile coinneamh aca ma 's urrainn dhomh agus bidh mi a' cumail ann an conaltradh riutha tron fòn, post-dealain is text. Bho choinn goirid tha mi air a bhith ag obair le buidheann bho na diofar Fèisean ann an Lochabair airson Fèis nan Deugairean (Loch Abar) a chuir ri chèile. Rinn sinn seo tro coinneamhan-fòn, coinneamhan àibheastachd agus bha tòrr puist-d a' dol air ais is air adhart! Ann an dòigh bha mise an ceangal aca eadar na diofar Fèisean agus chòrd e rium a bhith a' toirt taic dhaibh gus na ceangailean aca a leasachadh.

AC2 **Taic a chumail ri stèidheachadh Fhèisean ùra nuair a dh'ìarras coimhearsnachdan cuideachadh gus sin a dhèanamh.**

Ged nach d' thàinig buidheann sam bith thugam le beachd air Fèis ùr a thoiseachadh tha mi air a bhith ag obair gu math dhlù le Fèis Èige. Cha do thachair Fèis Èige am bliadhna air sgàth nach robh comataidh ann agus bha e gu math doirbh comataidh ùr a lorg airson an obair a' gabhail thairis. Ach tha comataidh ùr aca a-nis agus tha iad làn misneachd agus tha iad air tòrr adhartais a dhèanamh mar tha. Tha mi air a bhith ann an conaltradh riutha co-dhiù dà thuras gach seachdain air fòn no post-d agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith ag obair còmhla riutha barrachd gus an Fhèis aca a chuir air dòigh.

AC17 **A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a dh'aona-ghnothach a nì sanasachd air ar n-obair, barrachd chothroman gus naidheachdan a sgaoileadh sna meadhanan is a' dol an sàs ann an tachartasan far am bi cothrom sanasachd a dhèanamh air ar n-obair.**

Chuir sinn crioch air Fèis nan Deugairean ann an Lochabair le seisean anns an Taigh-òsda Loch Seile. 'S e rud beag diofaichte agus chaidh sanas a-mach air na postairean a chuir sinn mun cuairt an sgìre agus tron duileag facebook aca. Thàinig sluagh mòr agus bidh sinn fiachainn ri barrachd na sin a dhèanamh san àm ri teachd.

AC22 **A' cumail oirnn a' cuideachadh le obair a thaobh nan ealain Gàidhlig ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean nan Iomairtean Gàidhlig.**

Tha mi a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Lochabair gu tric, 's a' toirt taic dhaibh le pròiseactan mas urrainn dhomh. Bidh mi cuideachd a' dol gu coinneamhan Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu nuair as urrainn dhomh. Tha mi air a bhith ann an conaltradh le Tara Rankin, oifigear leasachaidh ùr aig Comunn nan Gàidhlig agus bidh sinne a' fiachainn ri bhith ag obrachadh nas fhaisg ri chèile air diofar pròiseactan gus na ceangailean eadar an dà bhuidheann a neartachadh.

AC25 **A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil deagh dhòighean-obrach gan cur an sàs a thaobh Dìon Cloinne agus a rèir atharrachaidhean san lagh.**

Tha am fiosrachadh air fad a th' agam mu luchd-ciùil a' dol chun an Oifigeir Dìon-chloinne co-dhiù 4 seachdainean ron tachartas. Leis an comataidh ùr aig Fèis Èige tha iad feumach air trèanadh a thaobh Dìon-chloinne agus tha dithis deonach an trèanadh seo a thòiseachadh. Bhruidhinn mi ri Iona MacDonald agus eadar an dithis againn, cuiridh sinn ri chèile plana gus an trèanadh seo a thoirt dhan dithis a tha ga iarraidh.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG2 **Coinneamh tràth sa Ghiblean le Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig gus beachdachadh air tachartasan Fèisean nan Gàidheal rè 2012/13 agus air co-obrachadh air ro-innleachd sanasachd airson na bliadhna.**

Bidh mi gu tric a' dol gu coinneamh na h-Iomairt ann an Loch Abar agus ann an Glaschu. Bidh mi ag obair gu dlùth leis an oifigear Iomairt ann an Loch Abar air pròiseactan airson Gàidhlig a leasachadh sa choimhearsnachd. Tha mi air a bhith an sàs ann am pròiseact FilmG agus tha mi air a bhith ag obair air tòrr diofar sgoiltean air fad na dùthcha. Tha mi air a bhith a' cuideachadh a' chlann gus na fiolmaichean aca fhèin a dhèanamh son an co-fharpais. Tha seo a' brosnachadh na Gàidhlig gu mòr leis an fileantaich agus na luchd-ionnsachaidh. 'S e cothrom a th' ann don chloinn an cuid Gàidhlig a chleachadh ann an dòigh foirmeil agus tha e math a bhith faicinn an adhartais a tha na sgoilearan a' dèanamh.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba.**

An dràsda tha mi toirt taic gu ochd Fèisean:

- Fèis Ghlaschu
- Fèis Innis an Uillt
- Fèis Lannraig a Tuath
- Fèis Gleann Albainn
- Fèis Lochabair
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Èige
- Fèis Òigridh na Mara
-

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG2 **Taic do cho-dhiù 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd.**

Tha mi a' toirt taic do chòig Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Fèis Eige
- Fèis nan Garbh Chrìochan
- Fèis Òigridh na Mara
- Fèis Lochabair
- Fèis Gleann Albainn
-

Ur aig CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean.**

Tha planaichean Gàidhlig aig gach Fèis. Gu tric, bidh an Sgioba-G aig Fèisean nan Gàidheal far a bheil faireachdainn nach eil a' Ghàidhlig làidir gu leòr aig an Fhèis fhèin. Aig Fèisean eile, tha clasaichean, geamaichean aig àm lòin neo Fèis tro mheadhan na Gàidhlig.

As dèidh an Cèilidh air Cuairt ann an Lochabair, fhuair mi feedback bho na trailers ag ràdh gun robh iad feumach air barrachd taic a thaobh na Gàidhlig. Dh' aithnich mi seo agus chuir mi air dòigh 4 sessionan aig Fèis nan Deugairean ann an Gàidhlig le Cailean Collier. Rinn esan tòrr còmhla riutha, na measg, bruidhinn ris an luchd-amhairc, abairtean sìmplidh airson ag innse cò iad, dè tha iad dol a chluich msaa agus rinn iad tòrr geamanan tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd. Thuirt iad gu bheil barrachd misneachd aca a-nis ach tha iad fhathast airson barrachd a dhèanamh agus cuidichidh mi dhaibh leis a seo.

Ainm	**Shona Nic a' Mhaoilein**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthaichail

AC1 **Taic a chumail ri Fèisean fa leth is an leasachadh, farsaingeachd an cuid obrach a leudachadh agus sàr dhòighean-obrach a stèidheachadh tro lìonra de phrìomh oifigearan.**

On thàinig na Fèisean anns an roinn agam gu crìoch tha mi air a bhith a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach aig gach fear gus taic a chumail riutha anns na planaichean agus na leasachaidhean a tha fainear dhaibh anns na mìosan a tha ri thighinn. Aig an ìre seo den bhliadhna bidh aca ri foirmichean Sgeama Tabhartas Fèisean nan Gàidheal a lìonadh gus airgead a shireadh airson an ath-bhliadhna 2014-15, agus tha mi air a bhith a' dèanamh mo dhìcheall coinneachadh ris gach comataidh gu pearsanta gus a dhol troimh na fòirmichean gu mionaideach. Gu ruige seo tha mi air Fèis Thròndairnis, Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Tìr a' Mhurain a chuideachadh agus bha mi an dùil a dhol a Bharraigh ach bha an t-aimsir dona agus cha do sheòl an t-aiseag air an latha. Cuiridh mi coinneamhan air dòigh anns na seachdainean a tha ri thighinn leis na Fèisean eile gus am faigh sinn nam foirmichean uile a-steach ann an deagh thìde.

Tha mi air a bhith a' frithealadh choinneamhan bhliadhnail nam Fèisean a tha air a bhith a' gabhail àite anns na mìosan a chaidh agus tha comataidhean a' fàs ann an àireamhean ann an cuid de dh'àitichean, a tha fìor bhrosnachail agus a tha air spionnadh ùr a thoirt dhaibh.

AC3 **Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean a ruith le taic-airgid bho diofar thobraichean maoineachaidh**

Tha mi an dùil taic leantainneach a thoirt do na Fèisean san sgìre agam airson foirmichean-tagraidh a chur a-steach airson taic-airgid agus bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh airson taic-airgid a chosg ann an dòigh èifeachdach i.e. Awards For All, Alba Chruthachail (YMI) agus Tradition Arts Fund le EMS. Tha mi air foirm Awards For All a lìonadh airson Fèis Bharraigh, a tha a' sireadh airgid airson còmhlan-pìob nan òigridh gus an deasachadh ann an aodach ceart agus ionnstramaidean ùra a thoirt dhaibh gus cothrom nas fheàrr a thoirt dhaibh ann an co-fharpaisean aig ìre àrd. Tha mi cuideachd air foirm a lìonadh airson Fèis Eilean na Hearadh aig a bheil feum air ionnstramaidean ùra airson an cleachdadh aca fhèin a-mhàin

AC5 **Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh le bhith a' cur an gnìomh ar Poileasaidh Gàidhlig a chaidh a dheasachadh às ùr is a neartachadh**

Chaidh mi mun cuairt nam Fèisean fad an t-samhraidh agus bha e follaiseach gun robh cuid dhaibh air oidhirp mòr a dhèanamh gus luchd-teagaisg fileanta fhastadh. Bha a' chlann aig gach Fèis gu math deònach a bhith a' conaltradh ri chèile sa Ghàidhlig, a bha na thlachd ri fhaicinn, agus bha an luchd-teagaisg agus na comataidhean uile dìcheallach ann a bhith a' lìbhrigeadh nam Fèisean tro mheadhan na Gàidhlig cho math 's a b' urrainn dhaibh. Bha Fèis Bharraigh a' cumail 'àm Ghàidhlig' gach latha far am biodh a' chlann a' gabhail pàirt ann an tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig agus bhiodh an luchd-teagaisg a' faighinn clasaichean Gàidhlig. Aig Fèis Eilean an Fhraoich chaidh clas Gàidhlig a chumail madainn Dimàirt còmhla rium fhìn airson an luchd-teagaisg nach robh fileanta a chuideachadh le blasad de dh'fhacail agus abairtean feumail m.e. "Cùm a' dol," "Bi modhail," "a bheil sibh deiseil" agus mar sin air adhart. Thug mi bileag bheag dhaibh leis na h-abairtean air an sgrìobhadh gu ceart agus ann am phonetics agus lorg iad gun robh seo feumail. Chaidh clasaichean Ùlpan an tabhann aig Fèis an Rubha airson pàrantan ach gu mì-fhortanach cha do chuir duine a-steach air an son.

AC7 **Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air adhart far a bheil daoine a' dol an sàs sna h-ealain agus is raointean cultarach eile**

Bha mi an sàs gu mòr ann an tachartas-còmhnaidh a bha aig Fèis Eilean an Fhraoich air an 8mh latha den t-Òg Mhìos. Bha iad air maoineachadh fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gus seo a chumail agus cha robh àite anns na Geàrrannan dhaibh, agus mar sin mhol mi gur dòcha gum biodh Scaliscro ann an Ùig saor – àite còmhnaidh mòr ann an suidheachadh àlainn agus sìtheil a bhiodh iomchaidh. Chuir mi an uairsin bus air dòigh airson a' chlann a thoirt sios madainn Disathairne agus lean mi iad sa char. Bha latha àlainn ann, a chaith iad a' cluich nan ionnstramaidean aca a-muigh agus ag obair còmhla gus ullachadh a dhèanamh airson an taisbeanadh mòr a bha romhpa aig Fèis Cheilteach Innse Gall. Air an oidhche bha dannsa an t-sabhail ann a bha mi air a bhith trang a' sanasachd anns na seachdainean roimhe, agus fhuair sinn daoine gu leòr airson deagh dhannsa a bhith againn ann an suidheachadh gu tur eadar-dhealaichte. Chòrd a' chùis ris a h-uile duine a bha na lùib agus bu chaomh leam a dhèanamh a-rithist.

Chaidh deireadh-sheachdain a chumail le Fèis Bharraigh nan Deugairean aig deireadh an t-Iuchair, far an robh cothrom aca rudan ùr fheuchainn leithid iasgach, windsurfing agus bàll-coise builg, a bharrachd air a dhol chun na tràghad gus fealla-dhà a bhith aca agus BBQ a ghabhail. Fhuair iad cuideachd oideachadh ann an còcaireachd agus ghabh iad pàirt ann an clasaichean obair-buidhne fo stiùir luchd-teagaisg ionadail. Bha e uabhasach soirbheachail agus tha ùidh aca ann an seo a dhèanamh a-rithist.

AC9 **A' leantainn oirnn a' cumail taic ri is a' cur air adhart sgrìobhadh òrain ùra ann an Gàidhlig**

Aig Fèis an Rubha chaidh Fèis nan Deugairean a thabhann airson a' chiad turas, agus cha robh iad cinnteach am biodh e soirbheachail. Ro dheireadh na seachdain bha iad cinnteach gun robh. Fo stiùir Chaluim Mhàrtainn, chaith an triùir a bha an sàs an t-seachdain a' sgrìobhadh dà òran ùr mu dheidhinn an Rubha, agus fhuair iad taic bhon luchd-teagaisg eile gus beagan feòil a chur riutha a thaobh a' chiùil. Aig a' chonsairt sheinn iad na h-òrain air beulaibh am pàrantan agus coimhearsnachd an Rubha, a bha glan air an dòigh leis an oidhirp a bha iad air a dhèanamh. Tha mi an dòchas gum bi ùidh aig duine no dhithis a bharrachd ann am Fèis nan Deugairean an ath bhliadhna ach airson a' chiad turas tha mi uabhasach toilichte leotha.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta.**

Bha Latha Trèanaidh aig Fèis an Rubha airson Dìon Cloinne agus na Meadhanan sòisealta anns a' Chèitean, agus thuirt na bha an làthair gun robh e air leth feumail dhaibh. An-dèidh dhomh bruidhinn ri Fèis Tìr a' Mhurain mu dheidhinn trèanadh Ciad Cobhair, chuir Iona NicDhòmhnaill seo air dòigh dhaibh agus chuir mi fios gu Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Bharraigh a dh'innse dhaibh gum biodh an cothrom acasan a dhol ann cuideachd. Bidh làithean trèanaidh againn mar sgioba aig Fèisean nan Gàidheal agus gu ruige seo tha mi air trèanadh Dìon Cloinne, Powerpoint, Photoshop, agus Measadh Cunnairt fhaighinn tro Fèisean nan Gàidheal. Chaidh mi air cùrsa Ciad Cobhair Èiginneach anns an t-Òg Mhìos mus do thòisich Fèisean an t-samhraidh, a bha uabhasach feumail.

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Bidh mi ag obair ann an oifis a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Steòrnabhagh agus mar seo bidh mi a' toirt taic dhaibh bho àm gu àm nuair a bhios feum aca air cuideigin a bharrachd. Bidh daoine an còmhnaidh a-mach agus a-steach anns an oifis agus uaireannan nuair nach bi Marina no Peigi a-staigh bidh mi gan cuideachadh. Nuair a bha am Mòd Ionadail a' dol air adhart bha mi a' cuideachadh le bhith nam stiùbhard aig co-fharpais nan còmhlain-ciùil agus bha mi nam chathraiche aig dà cho-fharpais eile. Chuidich mi cuideachd aig Mòd na Hearadh nuair a dh'iarr iad orm a bhith nam bhritheamh airson co-fharpaisean an t-Seann Nòis agus a' cur a-mach an loidhne. Chòrd sin rium gu mòr agus tha e follaiseach gu bheil beartas de thàlant aig a' chlann. Aig Fèis Cheilteach Innse Gall chaidh iarraidh orm òran no dhà a ghabhail còmhla ri cuid de bhuidheann Faram bho Fèis Eilean an Fhraoich aig cèilidh teaghlaich ann am Martin's Memorial. Bhruidhinn mi air an Radio nan Gàidheal dà thuras air seachdain an Fhèis Cheiltich gus na Fèisean a bhrosnachadh agus gus aire dhaoine a tharraing thuca.

Ainm	**Angus Macleod**
Dreuchd	**Drama Officer**

Gnìomh/Toradh

Adhartas

Builean Alba Chruthachail

AC6 **Iomairtean dràma Ghàidhlig a chur air adhart, leithid an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig, cuairtean le Meanbh-Chuileag a' bhuidheann dràma-oideachaidh agus Fèisean dràma**

.

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na h-ath bhliadhna a' tilleadh gu Port Rìgh agus gu h-àbhaisteach bidh e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha airson sgoile na h-ath-bhliadhna a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd .

Thèid postairean agus fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean Gàidhlig.

Thèid sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal. Thèid sanasan a' sgaoileadh air sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg. Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Gu mi-fhortanach chan eil Talla Dhonaidh Chaimbeul aig Sabhal Mòr Ostaig a chaidh a chleachdadh airson oidhche thaisbeanaidh na sgoile am bliadhna gu bhith ri fhaotainn ann an 2014.

Thèid luchd-oide agus luchd-aire na Sgoile a dhearbhadh sa Bhliadhn' Ùir.

Meanbh-chuileag – Turas Nàiseanta 2014

Thathar a' leasachadh planaichean an dràsta airson cuairt nàiseanta a mhaireas 5 seachdain san earrach 2014.

Meanbh-chuileag - Dealbh-chluich Nollaig

Sgrìobh mi dealbh-chluich Nollaig Mheanbh-chulleag 'Seasaidh agus Sgeul nan Sàilean Seunta' rè an Dàmhair agus na Samhna agus tha an turas a' dol air adhart an dràsta fhèin.

Thòisich an turas air Diluain 2 Dàmhair agus mairidh e gu Diciadain 11 Dùbhlachd.

Chaidh na seiseanan-deasachaidh airson an dealbh-chluich a chumail ann an Ionad an Spectrum an Inbhir Nis eadar 25 agus 29 Samhainn.

Tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' cleasachd san dealbh-chluich, 's iad mi fhèin, Dougie Beck, Shona Nic a' Mhaolein agus Eilidh Daniels a tha ag obair air a ceann fhèin mar chleasaiche.

Mairidh a' chuairt 8 latha agus bidh 17 taisbeanaidhean ann. Thèid 15 taisbeanaidhean a chumail ann an sgoiltean ach le cothrom ann do suas ri 28 sgoiltean a bhith an làthair agus tha 2 taisbeanadh coimhearsnachd gu bhith ann an Inbhir Nis agus Slèite san Eilean Sgitheanach.

AC8 **Taic a chumail ri Fèisean a thaobh na Gàidhlig agus oidean bhon Sgioba-G againn a' cur tachartasan air dòigh**

Geamannan iomchaidh agus stuthan teagaisg Sgioba G air ullachadh airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich agus taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

- Anns an Dàmhair thug mi taic do Fèis a' Bhaile ann a bhith lìbhreagadh geamanan Sgioba G.

AC12 **Cothroman eile a chur air adhart far am bi ar n-obair a' neartachadh foghlam Gàidhlig**

Foghlam Tràth bhliadhnaichean – Sgeama Dearbhaidh

Tha mi ag obair air sgeama dearbhaidh stèidhte air pròg ram foghlam a tha ag amas air clann eadar 3 – 6 bliadhna a dh'aois.

AC13 **Cothroman trèanaidh is leasachadh proifeiseanta a chur air dòigh, don a h-uile duine a tha an sàs ann a bhith cur air adhart is ag eagrachadh nam Fèisean is a tha a' gabhail pàirt annta, agus do bhuidhnean eile a tha an sàs ann a bhith leasachadh is a' lìbhrigeadh ceòl traidiseanta**

Leasachadh Proifeiseanta

- Eden Court Creative

Às dèidh faighneachd mu cothroman trèanaidh tro Eden Court le Manaidsear Eden Court Creative Kati Kozikowska bhiodh fàilte orm fhèin agus Dougie Beck a bhith an làthair aig na seiseanan trèanaidh a tha iomchaidh sa chlàr-ama thrèanaidh luchd-obrach aig Eden Court Creative.

AC26 **A' cumail oirnn ag obair mar bhuidhinn a tha ag amas air sàr mhodhan lìbhrigidh nuair a thig e gu seirbheisean is pròiseactan, agus na dòighean-obrach againn san fharsaingeachd**

Sanasachd

- www.feisean.org
  Obair leantainneach ann a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma
- www.facebook.com/feisean
  A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal.
- A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal
- www.youtube.com/feiseannangaidheal
  A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangail ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn.
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal agus na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal
- A' taisbeanadh obair Fèisean nan Gàidheal, an Sgoile Shamhraidh Dhràma agus pròiseactan eile thar nam blaidhnaichean air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal

Builean Bhòrd na Gàidhlig

BnG4 **Fianais air co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig eile**

Eden Court

Tron 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn aig toiseach na bliadhna leis an Fhèis Theatar Òigridh Gàidhlig a chaidh a chumail anns a' Ghiblein. B' e amas na Fèise theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Chaidh coinneamh a chumail leam fhèin, Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, Calum Mac a' Mhaolein, Kati Kozikowska agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court Creative air Dimàirt 5 Samhainn le sùil Fèis Theatar Òigridh Gàidhlig lìbhreagadh ann an 2014.

FilmG 2014

Through a contract in support of the FilmG 2014 short films competition for 12 – 17 year olds i delivered workshops for the following secondary schools:

- Portree High School (2)
- Millburn Academy (3)
- Alness Academy (3)
- Culloden Academy (1)

BnG9 **20 sgoilear àrd-sgoile a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma**

An Sgoil Shamhraidh Dhràma 2014

Bidh Sgoil Shamhraidh Dhràma na h-ath bhliadhna a' tilleadh gu Port Rìgh agus gu h-àbhaisteach bidh e fosgailte do dheugairean eadar 14 agus 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cinn-latha airson sgoile na h-ath-bhliadhna a stèidheachadh agus thèid a chumail eadar 7 agus 18 Iuchar 2014 aig Àrd-sgoil Phort Rìgh. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun sgoil agus foirm-clàraidh a ghabhadh a lìonadh air-loidhne ri fhaotainn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd .
Thèid postairean agus fiosrachadh mun Sgoil Shamhraidh Dhràma a chur gu Àrd-sgoiltean le Roinnean

Gàidhlig.
Thèid sanasachd a dhèanamh mun Sgoil Shamhraidh a' sgaoileadh air duilleag Facebook agus cunntas Twitter Fhèisean nan Gàidheal. Thèid sanasan a' sgaoileadh air sgoilearan, pàrantan agus luchd-teagaisg. Tadhalaidh Fèisean nan Gàidheal air àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig a' dèanamh sanasachd airson an Sgoil Shamhraidh Dhràma.

Gu mi-fhortanach chan eil Talla Dhonaidh Chaimbeul aig Sabhal Mòr Ostaig a chaidh a chleachdadh airson oidhche thaisbeanaidh na sgoile am bliadhna gu bhith ri fhaotainn ann an 2014.

Thèid luchd-oide agus luchd-aire na Sgoile a dhearbhadh sa Bhliadhn' Ùir.

BnG10 **Taic ga thoirt do co-dhiù 40 Fèis air feadh Alba**

Bidh mi a' toirt taic do Fèis a' Bhaile le bhith ag ullachadh agus a' lìbhreagadh geamanan Sgioba G san Dàmhair.

BnG12 **80 bùithtean-obrach dràma Gàidhlig gan lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba**

Tron 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus obair leasachaidh a dhèanamh air soirbheachais a' phroiseact bhuileachaidh a bh'againn aig toiseach na bliadhna leis an Fhèis Theatar Òigridh Gàidhlig a chaidh a chumail anns a' Ghiblein. B' e amas na Fèise theatar òigridh a' leasachadh airson deugairean le Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Chaidh coinneamh a chumail leam fhèin, Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal, Calum Mac a' Mhaolein, Kati Kozikowska agus Ruairidh MacNeacail bho Eden Court Creative air Dimàirt 5 Samhainn le sùil Fèis Theatar Òigridh Gàidhlig lìbhreagadh ann an 2014.

Builean Chomhairle na Gàidhealtachd

CnG3 **An àireamh de dhaoine òga a gheibh teagasg Gàidhlig a leudachadh (bho àireamh 2011-12 a bha aig 2,556)**

FilmG 2014

Tro chùmhnant a tha toirt taic do FilmG 2014, co-fharpais fiolmaichean ghoirid airson òigridh eadar 12 – 17, lìbhrig mi bùthan-obrach aig na h-àrd-sgoiltean a leanas:

- Àrd-sgoil Phort Rìgh (2)
- Acadamaidh Allt na Muilne (3)
- Acadamaidh Alanais (3)
- Acadamaidh Chuil Lodair (1)

CnG6 **Cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud an lùib nam Fèisean**

- Obair leantainneach ag ullachadh geamannan Sgioba G agus stuthan-teagaisg airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus fileantaich le taic leantainneach air a thoirt do luchd-eagrachaidh agus luchd-oide.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org